

16 Faoilleach 2024

A phàrant/neach-cùraim chòir

San Dàmhair 2023, thadhail sgioba luchd-sgrùdaidh bho Foghlam Alba air Àrd-sgoil MhicNeacail. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri daoine òga agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile.

- Bidh a' chuid as motha den luchd-obrach ag altram deagh-dhàimhean cùramach leis na daoine òga air feadh na sgoile. Bidh iad a' misneachadh luchd-ionnsachaidh tro bhith gam moladh gu h-èifeachdach.
- Tha uail-mhiann an luchd-obrach dhan Ghàidhlig a' meudachadh is iad a' tairgse barrachd ionnsachaidh is teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig. Mar thoradh air seo, 's e luchd-labhairt na Gàidhlig misneachail is soirbheachail a tha sa chuid as motha de na daoine òga ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig mus fàg iad an sgoil.
- Tha cha mhòr a h-uile neach òg a' faighinn taic èifeachdach airson a bhith a' planadh is a' ruigsinn chinn-uidhe fhàbharach an dèidh na sgoile. Thathar a' cumail taic riutha an seo tro obair èifeachdach ann an com-pàirtichean.

Chaidh na raointean leasachaidh a leanas a chomharrachadh agus a dheasbad leis a' cheannard agus le riochdaire bho Chomhairle nan Eilean Siar.

- Bu chòir dhan luchd-teagaisg leantainn orra a' toirt piseach air coileanadh dhaoine òga, gu h-àraidh ann an àireamhachas agus ann an inbhe thoraidhean ann an Teisteanasan Nàiseanta.
- Bu chòir do cheannardan-stiùiridh is luchd-teagaisg, ann an co-bhann le coimhearsnachd fharsaing na sgoile, co-thuigse a leasachadh air na feartan ann an ionnsachadh, teagasg agus measadh de dh'àrd chàileachd. Bu chòir seo planadh iomchaidh a thoirt a-steach dha daoine òga a tha feumach air taic a bharrachd leis an cuid ionnsachaidh.
- Bu chòir do cheannardan-stiùiridh a dhol an sàs ann am planadh ro-innleachdail, is fad-ùineach, còmhla ris an ùghdarras ionadail. Tha seo gus sgiobadh luchd-obrach, ionnsachadh proifeiseanta, agus cleachdadh teicneòlais a chur am meud, airson leantainn orra a' leudachadh ionnsachadh is bogadh na Gàidhlig. Bu chòir gun toirear a-steach meudachadh sna h-àireamhan a tha a' dèanamh theisteanasan is dhuaisean na Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh agus Fileantaich) an seo.
- Bu chòir do cheannardan-stiùiridh obair còmhla ris an luchd-obrach agus an ùghdarras ionadail mar chùis èiginn gus piseach a thoirt air càileachd foghlaim dha daoine òga anns an t-solar mheudaichte. Bu chòir dhan luchd-obrach amas air dèanamh cinnteach gum

faigh gach neach òg eòlas foghlaim a tha freagarrach is air a dheagh phlanadh gus an aire a ghlacadh nan cuid ionnsachaidh.

Chruinnich sinn fianais gus cothrom a thoirt dhuinn luachadh a dhèanamh air obair na sgoile a' cleachdadh taisbeanairean càileachd bho [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? An 4mh eagraan](https://www.education.gov.scot/4mheagran) [How good is our school? \(education.gov.scot\)](https://www.education.gov.scot/4mheagran). Tha taisbeanairean càileachd feumail do sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh breith a thoirt air dè tha ag obair gu math agus dè a tha feumach air leasachadh. Às dèidh sgrùdadh a dhèanamh air gach sgoil, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh luachaidhean gus sùil a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

Seo luachaidhean Foghlam Alba airson Àrd-sgoil MhicNeacail - The Nicolson Institute

Taisbeanairean càileachd	Luachadh
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	riarachail
Ag àrdachadh coileanadh agus euchd	riarachail
Gheibhear tuairisgeul de na luachaidhean aig: Dè cho math 's a tha an sgoil againn? An 4mh eagraan How good is our school? (education.gov.scot)	

Bidh sgrìobhainn nas mionaidiche, air a bheil Geàrr-iomradh air Toraidhean Sgrùdaidh (SIF) ri fhaighinn air làrach-lìn Foghlam Alba aig:

[Details | Find an inspection report | Find an inspection report | Inspection and Review | Education Scotland.](#)

Dè thachras a-nis?

Mar thoradh air toraidhean an sgrùdaidh a rinn sinn, tha sinn den bheachd gu bheil aonad an t-solair mheudaichte feumach air taic agus ùine a bharrachd gus na leasachaidhean a tha a dhìth a chur an gnìomh. Bidh sinn a' conaltradh ri Comhairle nan Eilean Siar a thaobh comas na sgoile a dhol am feabhas. Tillidh sinn gus sgrùdadh a bharrachd a dhèanamh air aonad an t-solair mheudaichte san sgoil taobh a-staigh sia mìosan bho fhoillseachadh na litreach seo. Bidh sinn a' dèanamh còmhraidh ri Comhairle nan Eilean Siar mu na tha an lùib an sgrùdaidh seo. Nuair a thilleas sinn gus sgrùdadh a dhèanamh air aonad an t-solair mheudaichte san sgoil, sgrìobhaidh sinn thugaibh mar phàrantan/luchd-cùraim a' toirt fios dhuibh air an adhartas a rinn aonad an t-solair mheudaichte san sgoil.

Carolanne Calderwood
Neach-sgrùdaidh na Banrigh